

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 20mh dhen t-Sultain 2020 **Ùrnaigh aig 7f**

Tha cuingealachadh a' ghlasadh-sluaigh a' fuasgladh mean air mhean, ach chan eil fhios againn cuin an tig e gu crìoch. Tha sinn uile mì-chinnteach mun rathad a tha romhainn, agus bidh sin na adhbhar iomgain uile nar n-eaglaisean agus nar coimhearsnachdan.

Ann an Leabhar Ecsoduis, bha sluagh Israeil ann am fhàsach, ann an àite doirbh, gun fhios aca mun t-slighe air adhart. Bha cuid aca dhen bheachd gum bi e cho math dhaibh a' dol air ais dhan Eiphit. Nas miosa buileach cha robh biadh gu leòr aca, agus bha iad uile gu leòr gun dòchas san fhàsach. Aig a' mhòmaid sin, chaidh glòir an Tighearna fhoillseachadh dhaibh, agus fhuair iad “aran o nèamh”, mar a gheall Dia (Ecsodus 16: 2 - 15). Is ann nuair tha sinn fhèin san fhàsach gu bheil sinn ag èigheach, ann am faclan an laoidh Chuimriche, “Aran nèamhaidh, aran nèamhaidh/ Beathaich mi gu crìoch mo latha.” Ann an amannan mar sin, bidh sinn a' feitheamh air freagairt an Tighearna.

Dèanamaid ùrnaigh.

A Dhè an fhreastail,
èist ri gaoir do shluaigh ann an àm am feuma,
agus thoir dhaibh freagairt san fhàsach.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè an fhreastail,
stiùir do shluagh a tha ann am fearann fhàsach,
agus glèidh sinn nad làimh nuair a tha sinn lag.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè an fhreastail,
deònaich dhuinn do thìodlacan gràs-mhor sa mhadainn,
agus deònaich gun lorg sinn a-rithist iad air an oidhche.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè an fhreastail,
thoir dhuinn treòrachadh nuair a thèid sinn air seachran,
agus cinnt agus spionnadh nuair a tha sinn fo theagamh.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè an fhreastail,
deònaich creideamh as ùr dod shluagh,
gus am bi an comas againn seirbheis a dhèanamh dhut anns an àite far a bheil
thu gar treòrachadh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè an fhreastail,
Tabhair dhuinn an-diugh aran o nèamh,
agus tabhair dhuinn eòlas air do ghlòir.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann
an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba,
Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh
còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)